

TEARNAIDH MI'N CRUADAL.

LUINNEAG.

Hō a hò, diridh mi,
Tearnaidh mi, diridlī mi ;
Hō a hò, diridh mi,
Tearnaidh mi'n cruadal.

'S ann thug mi 'n cion falaich,
Do mhac fhir a bhaile ;
Ged' dh'fhag e mi galach,
'S a mhac air mo ghualainn.

2 Hō a hò, diridh mi, &c.

Gum b'òg agus maoth mi,
'N uair gheill mi ; bu bhaoth mi,
Gu laidhe ri d' thaobh,
'S nach fhaodainn do bhuanachd.

3 Hō a hò, diridh mi, &c.

'N uair bha sinn nar cadal
Air airidh nam badan ;
Cha chreidinn bho'n t-shagard,
Gun d'thugadh tu fuath dhomh.

4 Hō a hò, diridh mi, &c.

Gur bochd tha mi'n éis leat,
A sgoileir na Greugais ;
Tha thus' an Dun-eidin,
'S cha léir dhut mo thruaighe.

5 Ho a ho, diridh mi, &c.

Tha mise 'n so 'm aonar,
Ri cumha 's cha'n iognadh,
Gun lüs anns an aonach,
Bheir faothachadh uair dhomh.

Hō a hò, diridh mi, &c.

